



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Pàrlamaid na h-Alba Fiosrachadh do luchd-tadhail



Clàr-innse

Fàilte gu Pàrlamaid na h-Alba - Duilleag 2

Seòlaidhean airson Pàrlamaid na h-Alba - Duilleag 2

Amannan fosglaidh - Duilleag 3

Siubhal gu Pàrlamaid na h-Alba - Duilleag 4

Mapa de Phàrlamaid na h-Alba - Duilleag 6

Ìre a' Ghàrraidh (mapa agus dealbh-chunntas) - Duilleag 7

Na h-Ìrean Àrda (mapa agus dealbh-chunntas) - Duilleag 9

Seirbheisean agus goireasan - Duilleag 11

Gheibhear lethbhrìc den phàipear-iùil seo ann an diofar chruthan leithid Braille, CD claisneachd agus DVD ann an Cànan Soidhnidh Bhreatainn. Cuir fios gu Seirbheisean Luchd-tadhail airson tuilleadh fiosrachaidh no tadhail air Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail.

Fàilte gu Pàrlamaid na h-Alba

Tha am pàipear-iùil ruigsinneachd seo ag amas air cuideachadh a thoirt do dhaoine air a bheil ciorram a tha a' tadhal air Pàrlamaid na h-Alba. Tha seo a' ciallachadh a h-uile duine air a bheil ciorram – luchd-aoigheachd le cuireadh, luchd-tadhail tuiteamach, daoine a tha a' coimhead air gnothaichean pàrlamaideach no a' gabhail cuairt.

Bheir am pàipear-iùil seo fiosrachadh dhut mar a ruigeas tu a' Phàrlamaid air còmh-dhail phoblach agus le càr. Gheibh thu fiosrachadh mar a gheibh thu a-steach agus mar a lorgas tu do shlighe anns a' Phàrlamaid. Anns a' phàipear-iùil gheibh thu liosta de na seirbheisean a tha ann do dhaine air a bheil ciorram taobh a-staigh na Pàrlamaid cuideachd.

Ma tha thu ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' tadhal air a' Phàrlamaid faodaidh tu tadhal air Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail no fios a chur thugainn ann air diofar dhòighean:



Tron phost:

Seirbheisean Luchd-tadhail
Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann EH99 1SP



Air a' fòn:

0131 348 5200



Air teacs:

07786 209 888



Air facs:

0131 348 5601



Air fòn-teacs:

0800 092 7100

Cuiridh sinn fàilte cuideachd
air fiosan a' cleachdadh seirbheis
RNID Typetalk



Air post-d:

sp.bookings@scottish.parliament.uk



Làrach-lìn:

www.parlamaid-alba.org

Amannan fosglaidh

Tron t-seachdain

Làithean obrach
(Dimàirt gu Diardaoin mar as àbhaist)

Fad na bliadhna
09.00 gu 18.30 (9.00m gu 6.30f)

Làithean neo-obrach
(Diluain is Dihaoine mar as àbhaist agus gach latha fhad 's a bhios a' Phàrlamaid na tàmh)

Giblean gu Sultain
10.00 gu 17.30 (10.00m gu 5.30f)

Dàmhair gu Màrt
10.00 gu 16.00 (10.00m gu 4.00f)

Gach Disathairne agus làithean saora poblach

Fad na bliadhna
11.00 gu 17.30 (11.00m gu 5.30f)


Dùinte gach Didòmhnaich

Àm-inntrigidh mu dheireadh 30 mionaidean mus dùin an àite.

Bidh Pàrlamaid na h-Alba dùinte rè àm na Nollaige agus àm na Bliadhna Ùire. Feuch an seall thu air an làrach-lìn, no cuir fios gu Seirbheisean an Luchd-tadhail airson tuilleadh fiosrachaidh.

A' siubhal gu Pàrlamaid na h-Alba

Tha togalach Pàrlamaid na h-Alba ann an sgìre Holyrood ann am meadhan Dhùn Èideann aig bonn na Mìle Rìoghail faisg air Lùchairt Taigh an Ròid.



Air an rathad

500 meatair (0.3 mìle)

'S e Cnoc Naomh Eòin (inntrigeadh bho Rathad Holyrood) no am fear faisg air stèisean rèile Dhùn Èideann Waverley na pàircean chàraichean as fhaighe air a' Phàrlamaid.

Tha àireamh bheag de dh'àiteachan pàircidh poblach, air an cumail don fheadhainn aig a bheil bràistean gorma, rim faighinn air Caigeann nan Each (Horse Wynd) airson luchd-tadhail air Sgìre Holyrood. Thèid àite pàircidh eile a chur air dòigh faisg air làimh nuair nach fhaighear gu na h-àiteachan pàircidh sin.



Air an tràna

Tha togalach na Pàrlamaid beagan is 1.5 km (no mu mhìle) bho stèisean rèile Waverley Dhùn Èideann.



An stad bus
airson an 36



Air a' bhus

Faodaidh luchd-tadhail àireamhan seirbheis 35 agus 36 de Bhusaichean Lodainn a chleachdadh gus Pàrlamaid na h-Alba a ruigsinn. Bidh seirbheis 35 a' ruith eadar Port-adhair Dhùn Èideann agus Ocean Terminal agus a' dol tarsainn Rathad Lodainn. Bidh seirbheis 36 a' ruith bho Thogalach Ocean Terminal gu Ceann an Iar a' bhaile agus a' dol a-null Sràid a' Phrionnsa.

Bu chòir do luchd-tadhail a chleachdas seirbheis 35 a thighinn far a' bhus aig a' Chanongate. Bu chòir don fheadhainn a chleachdas seirbheis 36 a thighinn far a' bhus aig Caigeann nan Each. Air gach seirbheis tha busaichean le làr ìseal agus bòrd-aomaidh ais-tharraingeach (*retractable boarding ramp*) agus àite sònraichte do chathair-chuibhle.



Air an rothair

Tha stòrsan-rothair poblach rim faighinn ri taobh Ionad Fiosrachaidh Taigh an Ròid air Caigeann nan Each.



A' leigeil às

Faodar luchd-tadhail don Phàrlamaid a tha a' tighinn air càr no tacsaidh an leigeil às air Caigeann nan Each. Tha cabhsairean ìseal agus slighe-crosaidh peileagain air an solar gus am faighear ann bho gach taobh den rathad.



Fiosrachadh siubhail

Gheibhear fiosrachadh siubhail airson gach seirbheis bho Traveline Scotland air a' fòn air 0871 200 22 33 no bhon làrach-lìn aca air www.travelinescotland.com

Mapa den Phàrlamaid

Àite-stad a' bhus



Àite-stad a' bhus



Mapa-iomail den Phàrlamaid

Ìre a' Ghàrraidh



Bidh luchd-tadhail air Pàrlamaid na h-Alba a' tighinn a-steach air an doras phoblach aig Caigeann nan Each (Horse Wynd). Le d' aghaidh ris a' Phàrlamaid, agus Lùchairt Taigh an Ròid air do chùlaibh, tha an doras a-steach air taobh deas an raoin a tha còmhdaichte le glainne. Chan fhaic thu an doras a-steach bhon rathad. Chì thu e 's tu a' tighinn nas fhaisge air an togalach. Nuair a thig thu faisg air an togalach, tha trì linntean agus grunn phost-ceangail anns a' chabhsair.



Tha soidhne aig an doras a-steach agus fosglaidh am prìomh dhoras leis fhèin. Nuair a bhios tu a-staigh thèid iarraidh ort a dhol tro na deuchainnean tèarainteachd mar a bhios aig port-adhair. Ma chluinnear crònán, is dòcha gun dèan an luchd-obrach sgrùdadh ort le clàr-amharc làimhe. Bheir an luchd-obrach cuideachadh do dh'aoighean air a bheil ciorram le bhith a' faighinn tro na deuchainnean tèarainteachd.




Gheibhear taighean-beaga ruigsinneach ann am for-thalla an dorais a-staigh. Thèid luchd-tadhail bho fhor-thalla an dorais a-staigh tro dhorsan làimhe don Phrìomh Thalla. Dìreach air do thaobh chli tha Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail.



Nuair a thig thu a-steach don togalach tha thu air Ìre a' Ghàrraidh. Aig an ìre seo chì thu an taisbeanadh anns a' Phrìomh Thalla, faodaidh tu a dhol air turas, tadhail air a' chafé, sùil a chur air a' bhùth agus air raointean poblach an togalaidh. Tha dà sheòmar comataidh air Ìre a' Ghàrraidh, dìreach air taobh eile a' Phrìomh Thalla.

Bho Ìre a' Ghàrraidh faodaidh tu an lioft no an staidhre a ghabhail gu Ìre 2. An seo faodaidh tu tadhal air gailearaidh a' phobaill agus sealltainn air an t-Seòmar-deasbaid. Air làithean obrach feumaidh tu tiogaid fhaighinn aig Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail ma tha thu airson tadhal air a' ghailearaidh.

Ìre a' Ghàrraidh



Na h-Ìrean Àrda



Aig na h-Ìrean Àrda gheibhear a-steach gu gailearaidh a' phobaill agus gu cuid de na seòmraichean-comataidh.

Bidh an luchd-tadhail a' cleachdadh na staidhre phoblach ri taobh a' Phrìomh Thalla gus faighinn gu gailearaidh a' phobaill aig an t-Seòmar-deasbaid. Air an làimh eile, faodaidh tu an lioft a chleachdadh. Bruth am putan airson Ìre 2.



Bho mhullach na staidhre, no bhon lioft, chan eil ann ach slighe ghoirid gu gailearaidh a' phobaill anns an t-Seòmar-deasbaid.

Taobh a-staigh ann an gailearaidh a' phobaill, chì an luchd-tadhail an Seòmar-deasbaid agus air làithean gnothaichean faodaidh iad na bhios a' dol air adhart fhaicinn. Ann an gailearaidh a' phobaill tha àiteachan air an cumail do luchd-cleachdaidh chathraichean-cuibhle. Tha sgàilein telebhisein, siostam fo-dhearg agus lùban claisneachd ann. Tha seo ann gus cuideachadh a thoirt do luchd-tadhail air a bheil ciorram gnothaichean na Pàrlamaid a leantainn. Gheibhear seataichean-cinn is innealan-èisteachd aig Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail anns a' Phrìomh Thalla.



Chan fhaod thu tadhal air làr an t-Seòmair-deasbaid ach air turas le neach-iùil. Air slighe an turais iùil bithear a' dol suas dà leathad bheag gus faighinn gu cùl an t-Seòmair-deasbaid.



Bidh an turas a' dol sìos leathad gus gluasad bho chùl an t-Seòmair gu raon fosgailte aig an toiseach. Nuair a dh'fhàgas an turas an Seòmar, thig slighe an turais a-mach air leathad beag.

Na h-Ìrean Àrda



Staidhre gu ìre a' Ghàrraidh



Slighe coiseachd còmhdaichte le glainne



Seòmraichean Comataidh air ìrean 1 is 4



An Seòmair-deasbaid



Gailearaidh a' Phobail



Lioft gu ìre a' Ghàrraidh

Leathadan air slighe nan tursan treòraichte le saigheadan ris an leathad an àirde



 Raointean poblach

Seirbheisean agus Goireasan



Taighean-beaga ruigsinneach

Tha taighean-beaga ruigsinneach rim faighinn air feadh an togalaich. Innsidh an luchd-obrach dhut far a bheil na goireasan as fhaisge ort.



Tha taigh-beag Àiteachan Atharrachaidh (*Changing Places*) ann le being atharrachaidh agus inneal-togail ceangailte ri mullach an togalaich. Bu chòir do luchd-tadhail a tha airson taigh-beag Àiteachan Atharrachaidh a chleachdadh stiùireadh iarraidh air neach-obrach.



Coin-taice

Tha e ceadaichte coin-taice a thoirt a-steach do thogalach na Pàrlamaid. Faodar bobhlaichean uisge do choin-taice fhaighinn aig Deasg Fiosrachaidh a' Phobaill.



BSL (Cànan Soidhnidh Bhreatainn)

Far a bheil luchd-tadhail a' frithealadh gnothaichean pàrlamaideach no air turas le neach-iùil, tha luchd-mìneachaidh BSL/Beurla rim faighinn aig Seirbheisean Luchd-tadhail ma bheirear fios ro làimh. Thathar a' moladh fios a thoirt a-steach co-dhiù dà sheachdain ro làimh ma bhios sin comasach.



Café

Tha an café, a tha ri taobh a' Phrìomh Thalla, a' reic roghainn de dheochan agus de ghreimean bìdh. Tha an café ruigsinneach agus gheibhear taic bho luchd-obrach ma nithear iarrtas.

Tha lùban claisneachd, stràbhan, cupanan ruigsinneach, truinnsearan agus uidheaman-ithe, suidheachain àrda, blàthachadh botail agus biadh leanaibh, agus biadh às aonais glutain aig a' chafé. Tha clàran-bìdh sgrìobhte gu soilleir agus bheir an luchd-obrach taic do luchd-ceannach le leughadh nan clàran-bìdh.



Suidheachain

Tha feum air tòrr coiseachd gus faighinn mun cuairt ann an togalach na Pàrlamaid, gu sònraichte air turas le iùil. Faodaidh luchd-tadhail suidheachain so-ghiùlain a chleachdadh tron turas aca le bhith a' cur fios gu Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail no le bhith a' bruidhinn ri Stiùiriche an turais aca.

An café





Seòmraichean-comataidh

Tha grunn sheòmraichean-comataidh anns a' Phàrlamaid. Tha iad suidhichte faisg air a' chrèche air Ìre a' Ghàrraidh agus air Ìrean 1 agus 4 de Thùir 1 agus 2.

Anns gach seòmra-comataidh tha lùb claisneachd, siostam fo-dhearg agus sgàilein telebhisein. Gheibhear seataichean-cinn is innealan-èisteachd aig Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail. Thèid àiteachan a ghlèidheadh airson luchd-cleachdaidh cathair-chuibhle anns na suidheachain poblach anns gach seòmra-comataidh.



Feumalachdan taic conaltraidh

Faodaidh luchd-tadhail aig a bheil feumalachdan taic conaltraidh a tha a' frithealadh ghnòthaichean pàrlamaideach fios a chur gu Seirbheisean Luchd-tadhail gus taic conaltraidh a chur air dòigh. Thathar a' moladh gun cuirear fios a-steach co-dhiù dà sheachdain ro làimh ma tha sin comasach.



Crèche

Tha crèche Pàrlamaid na h-Alba an-asgaidh don phobaill a tha airson deasbadan agus choinneamhan a fhrithealadh no a tha airson an togalach fhaicinn.

Tha taighean-beaga ann aig àirde cloinne, goireasan atharrachaidh pàiste, àite airson beathachaidh broillich, agus taigh-beag ruigsinneach.

Tha àiteachan ann do chlann eadar aois sia seachdainnean agus còig bliadhna. Faodaidh iad fuireach ann suas ri ceithir uairean a thìde.

Faodar an t-seirbheis iarraidh ro làimh le bhith a' cur fios gu 0131 348 6192 no tro phost-d gu creche@scottish.parliament.uk. Chan eil an crèche fosgailte aig deireadh na seachdain no air làithean saora poblach.

@ Post-d

Faodaidh tu fios a chur gu Pàrlamaid na h-Alba tro phost-d aig:

sp.bookings@scottish.parliament.uk
(airson Seirbheisean an Luchd-tadhail)

sp.info@scottish.parliament.uk
(airson Seirbheis Fiosrachaidh a' Phobaill)

An crèche





Falmhachadh èiginn

Ma bhios suidheachadh èiginn ann, thèid an togalach fhalmhachadh. Thathar ag iarraidh air luchd-tadhail na soidhnichean falmhachaidh agus stiùireadh luchd-obrach na Pàrlamaid a leantainn.

Faodaidh luchd-tadhail le duilgheadas claisneachd inneal-rabhaidh crathaidh iarraidh gus fios a thoirt dhaibh a thaobh suidheachadh èiginn sam bith fhad 's a tha iad air an turas. Feuch am faighnich thu aig Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail.

Faodaidh luchd-tadhail le duilgheadasan-gluasaid lioft ainmichte a chleachdadh gus an togalach fhàgail. Bheir luchd-obrach na Pàrlamaid cuideachadh do luchd-tadhail an togalach fhàgail ann an suidheachadh èiginn.



Taisbeanaidhean

Bheir taisbeanadh anns a' Phrìomh Thalla, ri taobh doras a-steach a' phobaill, cothrom do luchd-tadhail tuilleadh fhaighinn a-mach a thaobh na Pàrlamaid agus a h-eachdraidh. Taobh a-staigh an taisbeanaidh, tha mapa beantainneach (*tactile*) den t-Seòmar-deasbaid.

Thathar a' cleachdadh a' Phrìomh Thalla cuideachd airson diofar thaisbeanaidhean sealach. Gheibhear fiosrachadh mu thaisbeanaidhean ann an roghainn de chruthan bho Dheasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail.



Ciad-chobhair

Tha àite ciad-chobhair ri fhaighinn aig trannsa a' phrìomh dhòrais a-steach. Ma tha feum agad air ciad-chobhair, innis do neach-obrach sam bith. Tha bràistean ciad-chobhair uaine agus geal air gach neach-obrach a tha air trèanadh fhaighinn.



Lobaidh a' Ghàrraidh

Ma tha thu a' gabhail turas timcheall na Pàrlamaid tadhlaidh tu air Lobaidh a' Ghàrraidh. Gheibhear gu Lobaidh a' Ghàrraidh le bhith a' cleachdadh staidhre no lioft. Bidh cuideigin còmhla ris an luchd-tadhail nuair a thadhlas iad air an àite phrìobhaideach seo den togalaich agus bheir an luchd-obrach taic dhut le cleachdadh an lioft.


Tha inneal-airgid ruigsinneach agus dà thaigh-beag ruigsinneach ann an Lobaidh a' Ghàrraidh. 'S e aon dhiubh sin an taigh-beag Àiteachan Atharrachaidh le inneal-togail.



Seòmraichean-coinneachaidh a' Ghàrraidh

Tha grunn sheòmraichean-coinneachaidh Pàrlamaideach air Ìre a' Ghàrraidh. Ann an cuid de na Seòmraichean-coinneachaidh tha sgàilein telebhisean agus lùb claisneachd so-ghiùlain rim faighinn.

Lobaidh a' Ghàrraidh





Turasan le iùil

Tha turasan rim faighinn mar as àbhaist air làithean neo-obrach. Tha sin a' toirt a-steach amannan tàimh agus Disathairnean. Mar as àbhaist bheir an turas a-steach tadhal air làr an t-Seòmair-deasbaid agus seòmair-comataidh, a bharrachd air cuairt tro Lobaidh a' Ghàrraidh gus Togalach BPA agus Taigh Queensberry fhaicinn. Dh'fhaodte nach bi cuid de na h-àiteachan sin rim faighinn ma tha tachartasan no coinneamhan a' dol air adhart.

Tha tiogaidean air a bheil àm rim faighinn airson tursan. Thathar a' moladh dhut fios a chur a-steach ro làimh gu Seirbheisean an Luchd-tadhail. Tha cosgais ann airson turasan. Gheibhear prìsean lasaichte agus chan eil cosgais ann do luchd-taice pearsanta a tha ann còmhla ri daoine air a bheil ciorram. Tha tursan gu bhith an asgaidh bhon t-Sultain 2009. Faicibh ar làrach-lìn airson barrachd fiosrachaidh.

Tha fiosrachadh mu amannan nan tursan agus mu na prìsean ri fhaighinn air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba no bho Sheirbheisean an Luchd-tadhail.



Seataichean-cinn

Gheibhear seataichean-cinn agus innealan-èisteachd do dhaoine a tha a' frithealadh choinneamhan den Phàrlamaid no comataidhean airson a bhith a' cuideachadh dhaoine gnothaichean pàrlamaideach a chluinntinn bho Dheasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail.



Lùban claisneachd

Tha lùban claisneachd (lùban induction) stèidhichte anns gach prìomh àite. Tha na h-àiteachan sin air an comharrachadh le soidhnichean lùb claisneachd. Am measg nan àiteachan le lùban claisneachd tha Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail, na seòmraichean-comataidh, an gailearaidh poblach, an Seòmair-deasbaid, an crèche, a' bhùth agus an t-Ionad Foghlaim. Cuir fios gu Seirbheisean an Luchd-tadhail ma tha feum agad air inneal lùb claisneachd so-ghiùlain air do thuras.



Fiosrachadh

Tha tuilleadh fiosrachaidh mun Phàrlamaid agus a cuid obrach ri fhaighinn air làrach-lìn na Pàrlamaid agus anns na bileagan fiosrachaidh againn.

Gheibhear bileagan fiosrachaidh anns a' Phrìomh Thalla agus bho dheasgan aig prìomh àiteachan air feadh an togalaich. Ma tha feum agad air fiosrachadh ann an cruthan diofraichte leithid Braille, clò mòr, leughadh furasta, claisneachd no DVD BSL, feuch am faighnich thu aig Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail.

Luchd-tadhail a' gabhail turas le iùil





Lioftaichean

Tha cothrom ann lioft a ghabhail gu gach àite air feadh togalach na Pàrlamaid. Anns gach lioft tha fiosrachadh mu cheann-uidhe, rabhaidhean beòil agus stiùireadh ann am Braille.

Ma bhios teine ann, stiùiridh luchd-obrach na Pàrlamaid an luchd-tadhail gu na lioftaichean sònraichte a tha ann airson falmhachadh teine.



Preasan glaiste

Tha preasan glaiste do luchd-tadhail rim faighinn anns a' Phrìomh Thalla. Tha cosgais £1 ann airson gach preas glaiste is gheibhear sin air ais nuair a chuirear an iuchar air ais. Tha preasan glaiste stèidhichte aig àirdean eadar-dhealaichte.



Fòn-pàighidh

Gheibhear fòn-pàighidh ruigsinneach le lùb claisneachd anns a' Phrìomh Thalla. Faodar am fòn-pàighidh a chleachdadh cuideachd airson teachdaireachdan teacsa agus airson a dhol air an eadar-lìon.



Gailearaidh a' Phobaill

Air gailearaidh a' phobaill tha lùb claisneachd agus sgàilein telebhisein gus taic a thoirt do luchd-tadhail gnothaichean a leantainn air làithean obrach. (Feumaidh tu tiogaid gus faighinn gu gailearaidh a' phobaill air làithean obrach.) Air gailearaidh a' phobaill tha àiteachan air an glèidheadh airson luchd-cleachdaidh cathair-cuibhle. Chan eil taighean-beaga poblach aig ìre gailearaidh a' phobaill.



Tiogaidean gailearaidh a' phobaill

Air làithean obrach faodaidh tu gnothaichean na Pàrlamaid fhaicinn san t-Seòmar no ann an seòmraichean-comataidh, ach feumaidh tu tiogaid airson seo a dhèanamh. Tha na tiogaidean an-asgaidh agus bu chòir dhut am faighinn ro làimh aig Seirbheisean an Luchd-tadhail gus dèanamh cinnteach gum faigh thu àite-suidhe.



Carbaidean-leanaibh

Faodaidh an luchd-tadhail iasad fhaighinn de charbaid-leanaibh mus tig iad air cuairt le bhith a' cur fios ro làimh gu Seirbheisean an Luchd-tadhail.



A' bhùth

Tha bùth Pàrlamaid na h-Alba suidhichte ri taobh a' Phrìomh Thalla. Anns a' bhùth tha lùb claisneachd agus tha bòrd-malairt (counter) dà ìre ann. Gheibhear taic bhon luchd-obrach ma nithear iarratas.



Gailearaidh a' phobaill



Soidhnichean

Air feadh an togalaich gheibh luchd-tadhail fiosrachadh agus soidhnichean stiùiridh. An cois gach prìomh shoidhne tha fiosrachadh ann am Braille ri taobh an teacsa.



Staidhrichean

Tha rèilean-làimhe air gach taobh de gach staidhre. Tha 61 ceumannan anns an staidhre eadar a' Phrìomh Thalla agus gailearaidh a' phobaill aig an t-Seòmar-deasbaid agus tha 9 san staidhre gu Lobaidh a' Ghàrraidh. Ge-tà, gheibhear lioft don a h-uile pàirt den togalach dom feumadh neach-tadhail fhaighinn.



Teacs

Faodaidh tu fios a chur gu Pàrlamaid na h-Alba air 07786 209 888.



Fòn-teacs

Faodaidh tu fios a chur gu Pàrlamaid na h-Alba le fòn-teacs air 0800 092 7100.



Typetalk

Faodaidh tu fios a chur gu Pàrlamaid na h-Alba le bhith a' cleachdadh seirbheis RNID Typetalk air 18001 0131 348 5200 airson Seirbheisean Luchd-tadhail agus 18001 0131 348 5000 airson Seirbheis Fiosrachaidh a' Phobaill.



Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail

Ma tha tiogaidean agad ro làimh airson turas le iùil, coinneamh comataidh no coinneamh den làn Phàrlamaid, feumaidh tu a dhol gu Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail anns a' Phrìomh Thalla gus do thiogaidean a thogail.

Bu chòir dhut cuideachd a dhol gu Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail ma tha thu air coinneamh a chur air dòigh le BPA no ball de luchd-obrach na Pàrlamaid.

Bidh luchd-obrach aig Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail toilichte do chuideachadh ma tha ceist sam bith agad no ma tha thu feumach air taic air do thuras. Mar eisimpleir, faodaidh iad seataichean-cinn èisteachd, suidheachain so-ghiùlain agus innealan-rabhaidh crathaidh a thoirt dhut.

Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail





Fuaran-uisge

Tha fuaran-uisge suidhichte ri taobh nam preasaichean anns a' Phrìomh Thalla.



Làrach-lìn

'S e seo seòladh làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba:

www.parlamaid-alba.org



Iasad de Chathair-cuibhle

Faodaidh luchd-tadhail iasad fhaighinn de chathair-cuibhle an-asgaidh mus tig iad air cuairt le bhith a' cur fios ro làimh gu Seirbheisean an Luchd-tadhail. Feumaidh luchd-tadhail an neach-taic aca fhèin a thoirt leotha airson a' chathair-cuibhle a phutadh.

Tha sinn airson ar dìcheall a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gum bi e comasach don a-h-uile duine tadhal air Pàrlamaid na h-Alba. Feuch an cuir thu fios thugainn no gu Deasg Fiosrachaidh an Luchd-tadhail gus innse dhuinn dè as urrainn dhuinn dèanamh gus do chuideachadh.

Gach ìomhaigh © SPCB 2008
Còraichean iomlan glèidhte